

so iarruidh, gu bheil sinn air ar neartachadh, trid a ghráis,
gu maitheanas a thoirt o'r eridhe do dhaoinibh eile.

106. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an t-seathadh iarrtus?*

F. 'San t-seathadh iarrtus (eadhon, "Agus na leig sinn am buaireadh, ach saor sinn o' olc") tha sinn a' guidheadh, Dia'gar gleidheadh o bhi air ar buaireadh chum peacaidh, nò ar cumail suas agus ar saoradh 'nuair a bhuairear sinn.

107. C. *Ciod a tha co-dhunadh urnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn?*

F. Tha co'-dhunadh urnuigh an Tighearna (eadhon, "Oir is leatsa an rioghachd, agus a' chumhachd, agus a' ghàdir, gu siorruidh, Amen") a teagasg dhuinn misneach ann an urnuigh a ghabhail o Dhia a mhàin, agus ann ar n-urnuigh esan a mholadh, le rioghachd, cumhachd, is glàdir a thabhairt da. Agus mar dhearbh' air ar miann agus ar làrnearbairdhi ri èisdeachd fhaghail, tha sinn ag ràdh.—*Amen.*